

**Dreach Geàrr-chunntas de choinneamh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail air Dihaoine 19 Ògmhios 2015 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 1.00f**

<b>BUILL:</b>	Ruaraidh Iain MacLeòid (Cathraiche) Catriona Dunn (VC) Sine Ghilleasbuig Sandy Jones (fòn) Art MacCarraig Aonghas MacCumhais	Alasdair MacLeòid Aonghas MacLeòid Iain Moireasdan Máire Ni Annrachain Aideen Ni Mhaille Cairistiona Walker
<b>AN LÀTHAIR:</b>	Iain Gòrdan Hannah McKirdy Cairistiona NicCoinnich	Shona NicIllinnein Boyd Robasdan
<b>LEISGEULAN:</b>	Sheila Hamilton Dùghall MacAmhlaigh	Iain Tormod MacLeòid Donnie Rothach

**PUING**

**GNÌOMH**

**1 FÀILTE**

- 1.1 Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, gu h-àraid air Alasdair a bha a' frithealadh a' chiad choinneimh aige.

Chuireadh meal-a-naidheachd air Máire aig an robh co-là-breith sònraichte bho chionn ghoirid.

Chuireadh an cèill co-fhaireachdainn do Dhòmhnail Iain Caimbeul, Fear-gleidhidh; bha bràthair dha air bàsachadh agus bha a phiuthar a-nis gu math bochd, a bharrachd air Dòmhnall Iain agus a bhean, Alison (a bha na Còcaire againn gu bho chionn ghoirid), a bhith a' fulang le trioblaidean slàinte.

Chuireadh an cèill co-fhaireachdainn do Mháire as leth UCD, as dèidh an tubaist anns na Stàitean anns an do chaill sianar oileanach Èireannach am beatha, triùir dhiubh a bhuineadh do UCD.

Chuireadh an cèill co-fhaireachdainn do theaghlach Flòraidh NicNèill (Sàr Ghàidheal 2009), a dh' eug sa Chèitean.

Thugadh fa-near, le toileachas, gur e seo a' chiad choinneamh den Bhòrd a chaidh a chumail ann an Seòmar Shomhairle anns an togalach ùr, Ionad Iain Nobail.

**2 GEÀRR-CHUNNTASAN**

- 2.1 **CU14-04 (06/03/15):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

- 2.2 **Comataidh Corporra (06/03/15):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.3 **Comataidh Sgrùdaidh (20/02/15):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.4 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (10/06/2015):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.5 **Gnothaichean aq Èirigh:**

**6.1 Taigheadas, Leasachadh agus a' Cruthachadh Coimhearsnachd Ghàidhlig**  
**Ur:** Chaidh aontachadh gum biodh Aonghas MacCumhais, Aonghas MacLeòid, Máire agus Aileen, còmhla ri Tim Armstrong agus Conchúr O Giollagáin air a' bhuidhinn a bhios a' beachdachadh air a' chuspair agus gnothaichean a thoirt air adhart. Chaidh iarraidh adhbhar na buidhne ullachadh.

RIM

### 3 BALLRACHD

Cha robh dad ri thogail a thaobh ballrachd.

### 4 ÙIDHEAN

Cha do nochd ùidhean.

### 5 AITHISG A' PHRIONNSAPAIL

- 5.1 **Aithisg a' Phrionnsapail:** Thugadh fa-near aithisg a' Phrionnsapail.

Mhol Máire gum bu chòir cuireadh a thoirt do Cheannard na h-Èireann, Michael D. Higgins, tadhal air Sabhal Mòr.

BR

Chaidh aontachadh coinneamh shònraichte den Chomataidh Foghlaim is Rannsachaidh a chumail airson beachdachadh air Còd Deagh-ghnè Riaghlaidh (faic 8.2 dhen gheàrr-chunntas airson coinneamh 06//03/15).

CFR

Thog Art ceist an robh dùil aig a' Cholaiste beachdan a chur chun an Riaghaltais mar phàirt dhen cho-chonaltradh air Bile an Fhoghlaim. Chaidh aontachadh gum bu chòir is gun cuireadh Máire, mar Chathraiche Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh a' Bhùird, buidheann bheag ri chèile airson dreach pàipeir ullachadh a rachadh gu buill a' Bhùird airson aontachadh mus d' rachadh e chun an Riaghaltais.

MNA

### 6 TAISBEANADH/DEASBAD

- 6.1 **Aithisg Co-ionannachd:** Thugadh fa-near an aithisg Co-ionannachd agus chualas gun deach bruidhinn air a' chuspair aig a' Chomataidh Chorporra sa

mhadainn. Chaidh aontachadh aig a' choinneimh sin nach biodh feum air Iain Greumach a thighinn gu coinneimh a' Bhùird agus gum biodh aithisg air adhartas air beulaibh na h-ath choinneimh.

Chaidh gabhail ri moladh a' Chomataidh Chorporra gum bu chòir buill a' Bhùird trèanadh co-ionannachd air loidhne a dhèanamh. Chuireadh Cairistiona thuca ceangal gu làrach-lìn a bha a' tabhairt an trèanaidh seo.

CM

## 6.2 A' Chill Bheag

**(i) Fosgladh an Togalaich Ùir:** Bha an Cathraiche air sgrìobhadh chun a' Chiad Mhinistear a' toirt cuireadh dhi an togalach ùr fhosgladh aig àm a bhiodh freagarrach dhi fhèin.

RIM

## 6.3 OGE

**(i) Seirbheisean Co-roinnte:** Chualas gun robh atharrachadh gu bhith ann a thaobh clàr-ama gluasad luchd-obrach gu companaidh fa-leth air sgàth 's trioblaidean le sgeama peinnsein. Chan urrainn don chompanaidh ùr tòiseachadh gu toiseach na Dùbhlachd; leis an sin cha bhi aig a' Bhòrd co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh a' cheangail eadar a' Cholaiste agus an companaidh ùr aig toiseach an Lùnastail, mar a bhathar an dùil. Bha aonta ann gun robh feum air soilleireachadh air seasamh na Gàidhlig ann an seirbheisean co-roinnte, mar a chaidh aontachadh aig a' choinneimh a chaidh a cumail air a fòn air 6 Cèitean. Leanadh am Prionnsapal air a' feuchainn ris an t-soilleireachd a tha sin fhaighinn bho OGE oir 's gum biodh am fiosrachadh aig a' Bhòrd mas tigte gu co-dhùnadh.

BR

## 7 FOGHLAM AGUS RANNSACHADH

7.1 **Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:** Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

## 8 IONMHAS AGUS RIANACHD

8.1 **Buidseat 2015-16:** Chaidh gabhail ris a' bhuidseat.

8.2 **Poileasaidh Ùidhean:** Chaidh atharrachaidhean am moladh leis a' Chomataidh Chorporra agus thèid iad seo a chur ris an dreach poileasaidh mus till e chun a' Bhùird airson aonta.

SNI

8.3 **Sgeama Ùghdarrais:** Chaidh gabhail ris an sgeama.

8.4 **Poileasaidh Leasachadh Luchd-obrach:** Chaidh gabhail ris a' poileasaidh.

8.5 **Poileasaidh Slàint' is Sàbhailteachd:** Bha molaidhean air an cur air adhart

le buill a' Bhùird a thèid an cur ris a' phoileasaidh mus tèid a sgaoileadh airson aonta.

SNI

8.6 **Sàr Ghàidheil:** Chaidh aontachadh gun tèid urram Sàr Ghàidheil a bhuileachadh aig Ceumnachd na bliadhna-sa air Calum agus Ruaraidh Dòmhnallach bhon chòmhlán Run Rig ma bhios iad deònach. Bruidhnidh an Cathraiche riutha.

RIM

8.7 **Òraid an t-Sabhail:** Chaidh aontachadh cuireadh a thoirt do Nicola Sturgeon Òraid an t-Sabhail a thoirt seachad am-bliadhna. Dh'fhaodadh sin a bhith air an aon latha ri fosgladh Ionad Iain Nobail. Sgrìobhaidh an Cathraiche thuice.

RIM

## 9 LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN

9.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

9.2 **Aithisg Alan MacKay:** Thugadh fa-near an aithisg aig Alan MacKay a thaobh na h-obrach a tha e air a bhith a' dèanamh a togail airgid, agus an dreach cùmhnant ùr. Chaidh aontachadh cùmhnant bliadhna a thoirt dhà ach an 'discretionary bonus' a thoirt às.

## 10 GNETHAICHEAN IOMCHaidh SAM BITH EILE

10.1 **Fàs Mòr:** Thug Boyd iomradh gu bheil a' Cholaiste a' toirt taic do Fàs Mòr leis gu bheil trioblaidean air a bhith aca le luchd-obrach agus tha cùisean gu math cugallach aig an àm seo. Bha e fhèin agus an Cathraiche air tadhal air an ionad dìreach ron choinneamh seo airson taic a nochdadh dhaibh. Tha Shona agus Janet NicLeòid air aontachadh Sabhal Mòr a' riochdachadh air Bòrd Stiùiridh Fàs Mòr agus thug a choinneamh taing dhaibh airson a bhith deònach sin a dhèanamh.

## 11 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH

11.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh:** Thèid an ath choinneamh a chumail air 11 Sultain aig Sabhal Mòr.

*Sgaoil a' choinneamh aig 3.25f*